



Tìotal: Conaltradh ri cèile

Pàirt 1: Cho cudromach 's a tha conaltradh

Ìre: ÀRD

Ceanglan CfE

A thaobh a' Churraicealam airson Sàr mhathas tha an ìre seo a' leudachadh agus a' cur ri na chaidh ionnsachadh aig a Cheathramh Ìre.

Eòlasan agus builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn nam feartan agus nan sgilean a tha a dhìth airson diofar sheòrsaichean dhàimhean a chumail suas agus 's urrainn dhomh an cur an cèill. HWB 4-44b</p> <p>Tha mi mothachail air gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chrìochan pearsanta dhaoine agus 's urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a' cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt. HWB 4-45b</p> <p>Tha mi a' faighinn sgilean airson co-dhùnaidhean a dhèanamh mu dhàimhean agus dol-a-mach ghnèitheasach. 'S urrainn dhomh iad sin a chur gu feum ann an suidheachaidhean dùbhlanaich no doirbh. HWB 4-46c</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Mìneachadh cudromachd luachan is amasan co-roinnte ann an cumail suas dhàimhean gràdhach agus gnèitheasach, mar eisimpleir, spèis dha chèile, aonta mu fheise. • A' sealltainn nan sgilean a tha a dhìth airson seasamh an aghaidh ghnàth-ìomhaighean sna meadhanan, a' gabhail a-steach nam meadhanan sòisealta, mar eisimpleir misneachd, breithneachadh.

Amasan Ionnsachaidh

- Gun aithnich daoine 'òga na diofar dhòighean conaltraidh a th' aig daoine ann an co-theacsa dhàimhean pearsanta.
- Gun tuig daoine 'òga gur e feart deagh dhàimh a th' ann an co-fhaireachdainn.
- Gum bi fios aig daoine 'òga gum bi eas-aonta ann an dàimhean, ach gum feum còmhstri fuasgladh.
- Gun tuig daoine 'òga mar a nì iad dì-àrdachadh air còmhstri, a' toirt seachad eisimpleirean de dhòighean san gabh seo dèanamh.
- Gun tuig daoine 'òga cho cudromach 's a tha giùlan deimhinneach nuair a tha iad a' conaltradh air meadhanan sòisealta.

Slatan-tomhais soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh meòrachadh air na sgilean conaltraidh agam fhìn.
- Bidh mi a' meòrachadh air mar a bhios mi a' dèiligeadh ri sanasan bho chèile a dh'fhaodadh a bhith briathrail no neo-bhriathrail.
- Bidh mi a' bruidhinn mu cho-fhaireachdainn mar phàirt de dhàimh fhallain.
- 'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air giùlan agus seasamh a chuidicheas agus a dh'àraicheas dàimh.
- Tha mi a' leasachadh sgilean gus dì-àrdachadh a dhèanamh air còmhstri, agus 's urrainn dhomh eisimpleirean de dhòighean làimhseachaidh ainmeachadh.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Mar a tha an abairt ag ràdh.... Prop/cairtean còmhraidh
- The importance of empathy <https://youtu.be/UzPMMSKfKZQ> (3 mion. 30)

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

Obair

1. Tòisich an leasain mar seo: Tha an seisean mu dhàimhean, gu h-àraid mu mar a bhios daoine a' conaltradh ann an dàimh. Can nach eilear a' sùileachadh gu bheil daoine òga ann an dàimh, no gu bheil iad ag iarraidh a bhith ann an dàimh, ach gur e pàirt cudromach de bheatha dhaoine a th' ann.
2. Mus tòisich sinn air bruidhinn mu dhàimhean dlùth no romansach, seo ceist: **Ciamar a bhios sinne mar dhaoine a' conaltradh ri chèile?** Às dèidh beagan còmhraidh (dithisean no buidhnean beaga no fa leth) seall an slaighd. Leughaidh an slaighd còmhla agus an uair sin faighnich dha na daoine òga – *Nam biodh agad ris an dòigh conaltraidh as fheàrr agadsa a thaghadh, dè chanadh tu? Càit a bheil thu a' smaoinneachadh nach eil thu cho làidir a thaobh conaltradh?* Brosnaich na daoine òga gu meòrachadh air sgilean agus neartan, far am bi e cuideachail inns mun eòlas *agadsa/* na th thu a' faicinn mar neart dhaoine òga.

Tha ceithir prìomh sheòrsaichean conaltraidh ann:

1. **Conaltradh sgrìobhte** a' gabhail a-steach theachdaireachdan, post-d, litrichean, irisean, leabhraichean agus rud sam bith a tha ann an clò no sgrìobhte le làmh.
 2. **Conaltradh briathrail** a' gabhail a-steach bruidhinn, ceòl, fuaimean agus cànan.
 3. **Conaltradh neo-bhriathrail** a' ciallachadh cànan bodhaig, gluasad-bodhaig a' gabhail a-steach coimhead san t-sùil, cainnt-shanais, cruth-ealain, gluasad, dannsa, coltas aodainn, giùlan bodhaig, beantainn agus suathadh fiosaigeach.
 4. **Conaltradh lèirsinneach** a' ciallachadh taisbeanadh lèirsinneach, mar eisimpleir dealbhan agus dealbhan camara, clàran, grafaichean, telebhisean agus filmichean.
3. **A' smaoinneachadh mu chonaltradh neo-bhriathrail.** Mar eisimpleir de chonaltradh, can ris na daoine òga gu bheil thu airson coimhead air conaltradh neo-bhriathrail.
 - Iarr air na daoine òga obrachadh ann an dithisean. Bidh 30 diog aig aon neach às gach dithis gus innse dhan neach eile mu rud a rinn iad an oidhche roimhe a chòrd riutha gu mòr. Tha aig an dàrna neach ri leigeil orra nach eil ùidh *sam bith* aca sa chòmhradh. Iarr orra meòrachadh air mar a sheasas iad/far an suidh iad no air an giùlan fhèin, coltas an aodainn aca, na bhios iad a' dèanamh rin làmhan.
 - Dèan an gnìomh, an uair sin ruith thairis air – Ciamar a sheall daoine nach robh iad a' gabhail pàirt sa chòmhradh?
 - Dèan suaip, tha aig an dàrna neach ri bruidhinn, ach an turas seo iarr air an neach eile ùidh a shealltainn pàirt a ghabhail (ach fhathast gun bhruidhinn).
 - Sùil air ais – Ciamar a bha siud a' faireachdainn? Dè rinn iad ann an dòigh neo-bhriathrail? Ciamar a sheall iad ùidh/cion ùidh? Seall na slaighdean agus brosnachaidh còmhradh mar a tha sibh a' dol air adhart – dè chaidh a chleachdadh?

Am measg conaltradh neo-bhriathrail tha:

- Coltas aodainn
- Giùlan bodhaig
- Coimhead san t-sùil
- A' suidhe air adhart
- Gnogadh cinn
- Giùlan bodhaig fhosgailte
- Gluasad làimhe
- Fuaimean brosnachaidh freagarrach (uh-uh, sin thu, ok)

Mar a chanas tu 'Chan eil mi ag èisteachd' (le conaltradh neo-bhriathrail)

- Faodaidh làmhan paisgte air beulaibh neach a bhith a' ciallachadh gu bheil iad a' faireachdainn gum feum iad iad fhèin a dhìon no tarraing air ais.

- Dh'fhaodadh cion coimhead san t-sùil a bhith a' ciallachadh nach eil ùidh aca anns na that hu a' ràdh, gu bheil nàire orra mu rudeigin no gu bheil iad ga fhaighinn doirbh bruidhinn mu rudeigin.
- Ma tha cuideigin 's an druim riut nuair a tha iad a' bruidhinn riut dh'fhaodadh e a bhith a' ciallachadh nach eil ùidh aca no gu bheil iad air tarraing air ais.

4. Carson a tha conaltradh cho cudromach ann an dàimhean? Cuir a' cheist agus broснаich còmhradh.

5. Conaltradh agus na meadhanan sòisealta. Seall an slaighd: An uair sin iarr air na daoine òga bruidhinn, air co-dhiù a tha na meadhanan sòisealta/teicneòlas a' cuideachadh no a' cur bacadh air conaltradh eadar daoine ann an dàimh. Às dèidh beagan còmhraidh ann am buidhnean beaga iarr fios dhan chlas gu lèir.

Tha dàimhean nas duilghe a-nis leis gu bheil còmhraidhean air atharrachadh gu teacsadh, bidh argamaidean a' dol air fònaichean agus bidh faireachdainnean a' dol air-loidhne mar fiosan status. Dè do bheachd?

6. Mar tha an abairt ag ràdh.... 'S e còmhradh buidhne beag a tha seo, thoir a-steach cruinneachadh goirid de dh'abairtean glic (air a' phrop), seanfhacail ma thogras tu, agus iarr air an òigridh bruidhinn orra, 's urrainn dhaibh na h-abairtean a sheòrsachadh ann an 3 pìlichean ann an trì - CEART/CEÀRR/AN URRRA (agus gu dearbh faodaidh iad aontachadh no eas-aontachadh mu dheidhinn). An uair sin, faigh beagan fios-air-ais agus dèanaibh deasbad.

Mar a tha an abairt ag ràdh ...

- A. 'S e an neach as fheàrr ris am bruidhinn thu mu dhuilgheadasan san dàimh agaibh, an neach a th' anns an dàimh còmhla riut.
- B. Fàg an t-àm a dh'fhalbh às do dhèidh (a' gabhail a-steach seann chèilean).
- C. Cha bhi gaol ann gun chòmhradh.
- D. Rachadh tòrr dhuilgheadasan à bith nam bruidhneadh sinn ri chèile an àite *mu*-chèile.
- E. 'S e conaltradh a' phrìomh rud ann an dàimh ... no cha bhi annaibh ach dithis a' cur seachad ùine san aon àite.

7. Cudromachd co-fhaireachdainn. Airson crìochnachadh bruidhinn mu cho-fhaireachdainn – iarr air na daoine òga smaoinichadh air mar phrìomh phàirt de dhàimhean far a bheil daoine a' tuigsinn a chèile. Tha am film a' mìneachadh carson a tha e cudromach ann an dàimhean eadar-phearsanta. Coimheadaibh am film agus iarr fios air ais/beachdan sam bith bhon bhuidheann: *The importance of empathy* <https://youtu.be/UzPMMSKfKZQ> (3 mion. 30)

8. Crìochnaich le bhith ag iarraidh air daoin' òga an aire a thoirt do mar a bhios daoine eile a' conaltradh riutha sna làithean/seachdainean a tha romhainn – Dè an conaltradh briathrail/neo-bhriathrail a tha iad a' cleachdadh? Am bi iad a' sealltainn agus a' faireachdainn co-fhaireachdainn?

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn ceangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo

Reidh ri chèile agus a' dèiligeadh ri còmhstri

Nòtaichean Tidseir

